

# Cruth-atharrachadh UHI

do chothrom air com-pàirteachas UHI a chumadh don àm ri teachd



## ROINN

do bheachd air ar  
molaidhean tràth airson  
com-pàirteachas nas  
amalaichte




Faigh a-mach tuilleadh aig [transformation.uhi.ac.uk](https://transformation.uhi.ac.uk)

Cuir cùoch air an t-suirlbhidh

Fosgailte bho **24 Màrt - 2 Cèitean 2025**

UHI



Tha am mapa seo airson adhbharan mineachaidh, a' fritheachadh mar riochdachadh lèirsinneach de ar diofar làraicheadh.  
Tadhailibh air [www.uhi.ac.uk/en/campuses](http://www.uhi.ac.uk/en/campuses) airson làn fiosrachadh mu ar n-àrainnean uile.

Ma bhios tuilleadh cheistean agaibh mu mhapaichean,  
cuiribh fios gu [brand@uhi.ac.uk](mailto:brand@uhi.ac.uk)

# Contents

04 + 05

Ro-ràdh

06 + 07

Cò sinn

08 + 09

Aithris-rùin, lèirsinn agus  
Plana Ro-innleachdail  
2030 UHI

10 + 11

Com-pàirteachas  
oilthighe nas amalaichte

12 + 13

An fheum air  
cruth-atharrachadh

14 + 15

Cothroman  
eaconamach

16 + 17

Prionnspalan UHI gus  
cruth-atharrachadh a  
chomasachadh

18 + 19

Buannachdan air am  
moladh

22 + 23

Riaghlaigh is ceannardas  
cruth-atharrachaидh

24 + 25

Roinn do bheachd



# Ro-rá

## Tapadh leibh airson ur n-ùidh

Is e UHI an t-oilthigh as òige ann an Alba agus a tha aithnichte gu cruinneil mar institiùd treas-ìreach. Tha sinn moiteil ar com-pàirteachas air leth de cholaistean a chomharrachadh, còmhla ri ar n-institiudan rannsachaidh a tha aithnichte air feadh an t-saoghal agus ar n-ionadan teagaisg speisealach. Tha UHI barrachd na a bhith na oilthigh thraigheanta agus tha sinn pròiseil foghlam adhartach, foghlam àrd-ìre agus rannsachadh aig ìre chruinneil a lìbhrigeadh tarsainn lònra de cholaistean agus compàirtichean speisealta. Tha ar rùn sìmplidh, agus 's e sin buaidh chruth-atharrachail a thoirt air daoine, coimhersnachdan agus eaonamaidh ar sgìrean.

Tha ar com-pàirteachas oilthighe a' tòiseachadh a-nis air slighe bhrosnachail a dh'ionnsaigh ar plana ro-innleachdail 2030 UHI a lìbhrigeadh. Mar phàirt de ar rùn ro-innleachdail, tha sinn a' coimhead ri togail air an t-soirbheachas aig UHI gu ruige seo. Tha am pàipear geàrr-iomraidih seo a' taisbeanadh nan ciad mholaidean airson institiùd nas amalaichte agus nas aonaichte a chruthachadh, mar sin a' neartachadh ar dealais a thaobh ionnsachadh, sgilean, rannsachadh is ùr-ghnàthachas stèidhichte sa choimhersnachd a lìbhrigeadh aig ìre chruinneil, ach a' cumail ri ar gealltanach mar chom-pàirteachas 'smaoineachadh, planadh agus gnìomhadh mar aon'.

Tha an iomairt com-pàirteachaidh seo ag amas air in-sheallaidean luachmhor a thional bho oileanaich, luchd-obrach, agus priomh luchd-ùidhe eile mar a bhios ar com-pàirteachas a' fàs agus ag atharrachadh ann an saoghal an latha an-diugh. Tha fios againn gu bheil feum aig ar coimhersnachdan oirnn a bhith cho math 's a ghabhas, gus iadsan a chuideachadh gu bhith làidir is fulangach agus soirbheachail.

Mar a bhios sinn a' cruth-atharrachadh, is e ar ciad phrìomhachas dèanamh cinnteach gum fuirich atharrachaidhean institiùdach uile fior do ar n-athris-rùin bhunasaich agus co-thaobhadh le ar Plana Ro-innleachdail 2030. Tha an gealltanach seo gar cumhachdachadh gu leantainn air adhart a' frithealadh ar sgìrean gu h-èifeachdach agus le ionracas, agus aig an aon àm a' dèiligeadh ri dùblain sòisealtasach deatamach leithid lasachadh air di-dhaoineachadh, cruthachadh obraichean de dhàrd-chàileachd, neartachadh choimhersnachdan, agus suidheachadh UHI mar phrìomh stiùiriche air na cothroman leasachaidd eaonamach gun choimeas tarsainn ar sgìrean.

Gus leantainn a' coileanadh ar n-aithris-rùin agus ar lèirsinn, tha sinn a' tuigsinn an fheum air fàs mean air mhean. Le bhith a' gabhail ri amalachadh buidheannail agus a' grinneachadh ar modhan-obrach, faodaidh sinn ar làn chomais fhuasgladh. A' toirt feum às ar sgèile choitchinn, iomadachd agus neartan sònraichte, tha sinn ag amas air buidheann nas làidire agus nas seasmhaicheadh a thogail, a leanas air a' lìbhrigeadh ar n-aithris-rùin agus a' cruthachadh soirbheachas agus cothrom.

Coltach ri mòran institiùdan ann an roinn an fhoghlaim, tha UHI a' coimhead ri dùblain agus ullaireachan ionmhasail sònraichte. Tha barrachd cuideam air margaid trusaidd àrd-fharpaiseach nan oileanach tron chrònadh shusbainteach anns an àireamh de dh'oileanaich eadar-

# dh

## san Oiltigh



nàiseanta a' tighinn don RA, còmhla ri lùghdachaidhean ann am maoineachadh tarsainn roinnean a tha a' toirt buaidh air an dà chuid foghlam adhartach agus àrd-ìre. Mar fhreagairt do na suidheachaidhean caochlaideach sin, feumaidh UHI atharrachadh ro-innleachdail a thoirt gu buil gus déanamh cinnteach à seasmhachd fad-amail fhad 's a thathar a' togail àrd-ùrlar airson fàs tarsainn sgìrean UHI air fad.


Mar a bhios ar com-pàirteachas a' gluasad air adhart, tha sinn dealasach a thaobh togail air ar soirbheachasan, a' cleachdadh ar sùbalteachd agus ar freagairteachd gus leantainn air adhart a' libhrigeadh suidheachadh do ar n-oileanaich a bhios air leth. Tha sinn ag amas air conaltradh le ar coimhearsnachdan, leasachadh eaconamach a stiùireadh agus in-shealbh a tharraing a bhios na bhuanachd do na sgìrean a tha sinn a' frithhealadh. Bheir ar n-àrd-amas comas dhuinn feumalachdan agus dòchasan leasachail ar n-oileanaich is coimhearsnachdan a choileanadh agus a bharrachadh,

a' togail fulangas agus a' dèiligeadh ris na dùbhlain ionmhasail airson a' chom-pàirteachais.

Tha am pàipear seo a' mìneachadh na cùise airson atharrachadh gu com-pàirteachas UHI a bhios nas amalaichte agus nas èifeachdaiche. Tha e a' frithhealadh mar a' bhunait a dh'ionnsaigh leasachadh air Làn Chùis Gnothachais, clàraichte airson a chur a-steach gu buidhnean riaghlaidh UHI as t-samhradh 2025, air a leantainn le tuilleadh co-chomhairleachaidh phoblach.

Tha sinn a' toirt cuireadh bhlàth do dh'fiosrachadh air ais bhuuibh air na molaidhean sin, bidh an in-chur agaibh na phriomh eileamaid ann an cumadh slighe air adhart UHI agus ann am fiosrachadh na Làn Chùise Gnothachais. Còmhla, is urrainn dhuinn cuideachadh le déanamh cinnteach gun lean UHI air adhart a' soirbheachadh agus a' toirt buaidh bhrigheil fad bhliadhnaichean ri teachd.

# Cò sin



Far a bheil  
ionnsachadh  
a' ciallachadh  
barrachd

# Treas-ìreach

## In-ghabhalach, taiceil, adhartach agus co-cheangailte

Tha UHI barrachd na bhith na oilthigh thraigheanta. Tha sinn a' cur taic ri daoine òga aig gach ìre de an slighe foghlaim – bho ìre inntrigidh gu sgrùdaidhean PhD agus rannsachadh aig ìre chruinneil a thuilleadh air gach ìre eadar sin. Tha sinn a' tabhann nam prògraman a leanas:



### + Preantasachdan

### + Clasaichean ìre inntrigidh do sgoilearan àrd-sgoile

### + Foghlam Adhartach

### + Foghlam Àrd-ìre

### + Iomlaid Fiosrachaidh

### + Sgrùdaidhean PhD

### + Cùrsaichean goirid agus Teisteanasan proifeiseanta

### + Ionnsachadh stèidhichte air obair

### + Rannsachadh aig ìre chruinneil

### + Ionnsachadh fad-beatha dhaibhsan le feumalachdan taic a bharrachd



# Rùn, lèirsinn agus Plana Ro-innleachdail 2030 UHI

Far a bheil ionnsachadh a' ciallachadh barrachd

## Prionnsapalan Stèidhidh

Stèidhichte sna 1990an gus taic a chur ri seasmhachd agus fàs air a' Ghàidhealtachd, sgìrean Mhoireibh agus Siorrachd Pheairt, chaith UHI a bhonnachadh air ceithir phrionnsapalan a tha cho sònraichte an-diugh agus a bha iad aig air tùs:

- + **Cothroman foghlaim do na h-uile:**  
taobh a-staigh nan roinnean, stèidhichte sna coimhearsnachdan.
- + **Stiùireadh air fàs eaonamach:**  
Institiùd stèidhidh agus brosnachadh air leasachadh eaonamach.
- + **Co-chruthachadh foghlam is rannsachadh:**  
Curraicealam agus rannsachadh co-cheangailte ris na roinnean, cruth-tìre gun choimeas, dualchas agus cultar.
- + **Libhrigeadh atharrachadh sòisealta:**  
gus amannan teachdail nas fheàrr a thogail do na roinnean.

## Rùn UHI

Buaidh chruth-atharrachail a thoirt air na daoine, coimhearsnachdan agus eaonamaidh ar roinnean. Nì sinn seo tro libhrigeadh air ar Plana Ro-innleachdail 2030.

## Lèirsinn UHI

Bidh sinn a' tarraing, ag àrach agus a' glèidheadh tàlant nar coimhearsnachdan, a' cur taic ri ùr-ghnàthachas agus soirbheachas sòisealta is eaonamach. Nì sinn seo tro libhrigeadh ùr-ghnàthach air ionnsachadh sùbailte fad-beatha a tha cuimsichte air so-fhastachd is sgilean agus rannsachadh buadhach. research.

**C**

A bheil thu a' faireachdainn gu bheil UHI gu làithreach a' libhrigeadh a rùin agus a lèirsinn, a' gabhail a-steach ar ceithir phrionnsaplan stèidhidh.

A bheil dòighean ann san urrainn dhuinn leasachadh?

## Plana Ro-innleachdail 2030

Gus leantainn a' coileanadh ar ruin agus ar prionnsapalan stèidhidh ann an saoghal caochlaideach, feumaidh sinn gabhail ri modh-obrach nas amalaichte. Air a leasachadh gu co-obrachail leis na com-pàirtichean uile, tha Plana Ro-innleachdail 2030 a' nochdad map a slighe airson ar n-ard-amasan teachdail eadar-theangachadh gu toraidhean.

Aonaichte a thaobh an adhbhair seo agus gus ar comas a làn-mheudachadh, tha an com-pàrtieachas dealasach a thaobh nan còig phrìomhachasan adhartachadh tarsainn ruigsinneachd ionadail, roinneil, nàiseanta agus cruinneil:

- + **Teagasc, ionnsachadh agus taic**
- + **Buaidh rannsachaidh agus ùr-ghnàthachais**
- + **Iomairt agus fàs**
- + **Seasmhachd àrainneachdail**
- + **Sàr-mhathas obrachaидh**

**C**

Dè tha thu a' faicinn mar na h-àrd-phrìomhachasan airson UHI nas amalaichte sa chiad trì bliadhna?



# Com-pàirteachas nas amalaichte

## Dè th' ann an amalachas?

Is e ar n-amas tron phrògram cruth-atharrachaидh, pròiseas atharrachaидh a stiùireadh a lìbhrigeas buannachd mheudaichte is chudromach do dh'oileanaich, luchd-obrach agus coimhearsnachdan UHI tro amalachas nas dlùithe. Tha seo a' ciallachadh grinneachadh air solaran làithreach, structaran, siostaman, riaghlaidh, agus pròiseasan, gus fiosrachadh oileanaich àrdachadh, a' dèanamh cinnteach à seasmhachd ionmhasail agus àrd-ùrlar airson fàs is inbheisteadh tarsainn ar roinnean.

Tha com-pàirteachas treas-ìreach UHI air a dhèanamh suas à lònra de cholaistean, institiùdan rannsachaidh, com-pàirtichean speisealach agus an t-oilthigh. Tha gach com-pàirtiche ag obrachadh fo òrdughan riaghlaidh air leth, leis an oilthigh a' coileanadh a dhreuchd reachdail mar am Buidheann Ro-innleachdail Roinneil (RSB). Mar an RSB, tha sinn a' co-nbrachadh le com-pàrtichean air prìomh raointeal leithid riarrachadh maoin, builean roinneil, inbhean acadaimigeach, rannsachadh is cumhachdan buileachaидh cheuman agus seasmhachd ionmhasail.

Tha com-pàrtichean UHI uile gu gnìomhach an sàs anns a' phròiseas cruth-atharrachaидh leantainneach. Tha an t-oilthigh, mar am Buidheann Ro-innleachdail Roinneil agus na sia com-pàrtichean a leanas, còmhla a' rannsachadh amalachas nas dlùithe:

- + **UHI EARRA-GHÀIDHEAL**
- + **UHI INBHIR NIS**
- + **UHI MOIREIBH**
- + **UHI A TUATH, AN IAR AGUS INNSE GALL**
- + **UHI PEAIRT**
- + **UHI SEALTAINN**

Cumaidh UHI Arcaibh agus na trì com-pàrtichean speisealta an structaran riaghlaidh fhèin ach aig an aon àm an sàs ann an deasbadan mar cho-thabhairtichean a thaobh UHI san àm ri teachd. Bidh cothrom aig na com-pàrtichean sin pàirt a ghabhail san adhartas atharrachaидh aig amannan cunbalach, an crochadh air aonta bho na buidhnean riaghlaidh aca.

**UHI ARGYLL**

**UHI MORAY  
MOIREIBH**

**UHI INVERNESS**

**UHI NORTH, WEST AND HEBRIDES  
A TUATH, AN IAR IS INNSE GALL**

**UHI ORKNEY**

**UHI PERTH**

**UHI SHETLAND**

**HTC | UHI**

**SAMS** | A partner of  
**UHI**

**SABHAL MÓR  
OSTAIG**

**UHI** University of the  
Highlands and Islands  
Oilthigh na Gàidhealtachd  
agus nan Eilean

# oilthighe

Gus am pròiseas cruth-atharrachaидh a thòiseachadh, chaидh Dreachd Cùis Gnothachais a leasachadh tro 2024 ann an dlùth cho-obrachadh tarsainn a' chom-pàirteachais.

Gu làithreach, tha na com-pàirtichean uile ag obair còmhla gus modail ùr obrachaidh a leasachadh agus mapa slighe soilleir a stèidheachadh airson a bhuiileachadh. Neartaichidh am modail seo am buidheann againn, ag àrdachadh eifeachdas agus a' meudachadh bhuannanchdan do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus coimhersnachdan.

Gus seo a choileanadh, feumaidh sinn mòran slighean a rannsachadh:

## Cruthachadh institiùd treas-ìreach làn-amalaichte

Rannsachadh iomchaidheachd UHI Earra-Ghàidheal; UHI Inbhir Nis; UHI Moireibh; UHI a Tuath, an lar agus Innse Gall; UHI Peairt; UHI Sealtainn agus an t-oilthigh a bhith nan aon institiùd treas-ìreach aonaichte.

## Co-aonaidhean

Coimhead ris na caidreachasan agus na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith comasach tro chom-pàrtichean fa leth a' co-aonadh san aon dòigh 's a bha UHI a Tuath an lar agus Innse Gall air a chruthachadh.

## Cruth-atharrachadh taobh a-staigh co-rèiteachadh làithreach UHI

Co-chòrdadh siostaman is pròiseasan làithreach gus sruthan-obrach a shìmpleachadh agus fiosrachadh a leasachadh do luchd-obrach agus oileanaich, mar a tha mìnichte ann an ro-innleachd 20230 UHI.

Is e an ath ìre Làn Chùis Gnothachais a leasachadh, a mhìniches na h-atharrachaidhean a tha sinn a' coimhead ri a dhèanamh. Bidh mòran conaltraidh le luchd-obrach, oileanaich, aonaidhean ciùird agus ar luchd-ùidhe eile, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil am modail obrachaidh a tha sinn a' moladh, cho làidir 's a ghabhas agus a' gabhail cunntas air diofar fheumalachdan nan coimhersnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Aon uair 's gu bheil an Làn Chùis Gnothachais air aontachadh le Cùirt agus bùird-stiùiridh UHI nas fhaide air adhart ann an 2025, bidh co-chomhairleachadh foirmel a' gabhail àite a' solarachadh cothrom cudromach a bharrachd do luchd-ùidhe air com-pàirt a ghabhail agus fiosrachadh air ais a thoirt seachad.

## Pròiseas

Leanaidh conaltradh agus deasbadan le Riaghaltas na h-Alba tro Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba tro gach ìre den Làn Chùise Gnothachais.

### ÌRE 1

Prògram conaltraidh le priomh luchd-ùidhe agus leasachadh air an Làn Chùise Gnothachais

### ÌRE 2

Cur a-steach an Làn Chùise Gnothachais gu Cùirt agus Bùird Stiùridh chom-pàrtichean UHI


### ÌRE 3

Co-chomhairleachadh poblach foirmel air an Làn Chùise Gnothachais

# An fheum air Cruth- atharrachadh

## Rùn UHI a choileanadh

Dèanamh cinnteach gu bheil buaidh chruth-atharrachail againn air oilleanaich agus coimhairsnachdan taobh a-staigh ar roinnean.



## Seasmhachd ionmhasail

A bhith mar oilthigh a bhios nas buadhaiche agus nas èifeachdaiche do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus coimhairsnachdan.

## Cruthachadh àrd-ùrlar airson fàs agus soirbheachas

Freagarrachadh do shaoghal atharrachail le bhith a' solarachadh curraicealam agus rannsachadh a tha co-thaobhaichte le cothroman eaonamach caochlaideach agus neartan roinneil.

# A' tuigsinn ar n-àrd-amais

Tha sinn a' coimhead ri obrachadh ann an dòigh nas buadhaiche agus nas èifeachdaiche fhad 's a tha sinn a' cumail ri lìbhrigeadh air ionnsachadh, teagastg, rannsachadh agus iomlaid eòlais a leasachadh, a' dèanamh cinnteach à seasmhachd fad-amail na h-institiùid. Tha sinn làn dealasach a thaobh fuireach ann an dlùth cheangal mar phàirt bhunaiteach de na coimhearsnachdan uile a tha sinn a' frithealadh.

Le bhith mar institiùd nas amalaichte, tha sinn a' coimhead ri:

- + bhith mar institiùd foghlaim treas-ìreach a tha seasmhach gu h-ionmhasail.
- + cothrom a chruthachadh gu tairgse ionnsachaidh, Teagaisg agus Rannsachaidh nas làidire, nas seasmhaiche agus neartaichte do dh'oileanaich is coimhearsnachdan UHI.
- + eòlas àrdaichte a sholarachadh do dh'oileanaich UHI tarsainn na làraichean uile agus air-loidhne, le cothromas solair, cothruim, poileasaidh agus taic do dh'oileanaich.
- + cothroman nas fheàrr a sholarachadh do luchd-obrach, a' gabhail a-steach adhartas agus leasachadh dreuchdail.
- + comas air conaltradh agus com-pàirteachasan le gnothachasan is luchd-fastaidh a neartachadh taobh a-staigh ar coimhearsnachdan.
- + riaghlaigh a shìmpleachadh agus gluasad gu ceannardas agus structar riaghlaidh nas aonaichte.
- + fàs àrdachadh ann an earrannan a tha a' tighinn am bàrr agus cudromach gu roinneil, a' stiùireadh leasachadh eaconamach agus a' neartachadh thabhartasan don eaconamaidh ionadail.

## Seasmhachd ionmhasail

Coltach ri mòran oilthighean agus cholaistean, tha aig UHI ri dèiligeadh le dùblain ionmhasail ann an suidheachadh eaconamach an latha an-diugh. Thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh, tha maoineachadh don roinn seo air a ghearradh gu mòr ann an da-rìribh, fhad 's a tha atmhorachd agus atharrachaidhean poileasaidh a' cur barrachd cuideim.

### Dùblain cosgais gun choimeas

- + **Suidheachadh dùthchail is eileanach UHI**  
Tha suidheachadh gun choimeas UHI tarsainn mòran choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach, a' meudachadh cosgais lìbhrigidh foghlam ann an coimeas ri sgìrean bailteil.
- + **Margaid nas fharpaisich**  
Tha farpais nas àirdé a thaobh trusadh oileanaich còmhla ri suidheachaidhean ionmhais duilich ag iarraidh gun atharraich UHI a dhòigh obrachaidh.
- + **Leantainn leis a' mhodail làithreach**  
Chan eil am modail làithreach aig UHI seasmhach agus bidh sin a' toradh ann an dùblain ionmhasail leantainneach do UHI, a' neartachadh ar rùn air ath-leasachadh agus ath-fhàs ann an suidheachadh a tha daonnaン caochlaideach.

### Fuasglaidhean

- + **Lùghdachadh chosgaisean**  
Dèiligeadh ri dùblain ionmhasail le bhith a' lùghdachadh chosgaisean do chom-pàrtichean uile, leithid lùghdachadh dùblachadh air seirbheisean, a' ceadachadh do UHI a bhith nas èifeachdaiche agus nas buadhaiche.
- + **Teachd-a-steach ùr**  
Comasaichidh sinn fàs agus seilbheachd riatanach, ag àrdachadh eòlas oileanaich san fhad-ama mar cheann-uidhe roghainneil do luchd-ionnsachaidh ùr.
- + **A' coileanadh gu co-obrachail**  
Bidh ar com-pàirteachas a' co-obrachadh gus atharrachaidhean a cho-dhealbhadh a neartaicheas àite UHI mar phrìomh sholariche air foghlam agus rannsachadh aig ire chruinneil, a' dèanamh cinnteach à seasmhachd ionmhasail fad-amail.



# Cothroman eaconamach

Tha sgirean UHI mar na raointeann as mothà a tha a' fàs ann an Alba. Tha Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIREP) a' taisbeanadh cho mòr 's a tha buannachd eaconamach. Tha rannsachadh tràth a' sealltann gum faodadh thairis air an ath 10 gu 15 bliadhna, còrr air £110 billean in-thasgadh a dhèanamh air feadh roinnean na Gàidhealtachd is nan Eilean le tuairmse de 85,000 bliadhna obrach thairis air an ùine sin, a' suidheachadh UHI gus cothroman a mheudachadh thar cuid de na roinnean as cudromaiche ann an Alba. Bidh sgèile na sgioba-obrach sgileil a tha riatanach do ghnìomhachas, a' stiùireadh iarrtas sna roinnean a-staigh airson foghlam adhartach agus preantasachdan, a thuilleadh air teisteanasan fo-cheum agus ire Maighstireachd, a' cur UHI aig cridhe nan cothroman foghlaim, coimearsalta agus eaconamach sin.

## Saor-phort Uaine Inbhir Nis is Linne Chrombaidh (ICFG)

- + Is iad làraichean ICFG an leasachadh gnìomhachasail uaine as mothà san RA, a' tarraing inbheisteadh bho air feadh an t-saoghail, a' stèidheachadh na roinne mar phrìomh mhòr-ionad na h-Eòrpa airson teicneòlasan cumhachd ath-nuadhachail agus gaoithe. Cuiridh UHI, mar am prìomh chom-pàirtiche, taic ris an leasachadh seo le trèanadh sgioba-obrach don àm ri teachd gus dèanamh cinnteach gu bheil an Saor-phort Uaine a' libhrigeadh buaidh chruth-atharrachail.

## ScotWind

- + Tha piob-loidhne gaoithe far-thìreach na h-Alba a' rangachadh am measg an leasachaidd as mothà san t-saoghal den t-seòrsa seo. Taisbeanaidh còrr air 70% de na pròiseactan teicneòlas fleodraidh ùr-nodha, a' suidheachadh Alba agus an RA mar stiùirichean ann am Floating Offshore Wind. Bho 2021, tha UHI air a bhith ann an com-pàirteachas le leasaichearan ScotWind gus saidheans, teicneòlas, pròiseactan STEM, sgoilearachdan, agus rannsachadh a stiùireadh tarsainn an lònra.

## Haidreadsan

- + Tha a' Ghàidhealtachd deiseil airson ceannas a ghabhail air ath-leasachadh haidreadsan uaine na RA, air a stiùireadh le comas àibhiseach gaoithe far-thìreach. Tha Linne Chrombaidh mar àite a tha foirfe air a shon, le cothrom air dealan ath-nuadhachail, iarrtas làidir ionadail, sèinichean solar eòlach, rannsachadh haidreadsan UHI, agus oidhpr Chomhairle na Gàidhealtachd air eaconamaidh haidreadsain fhaotainn.

## Haidreo air a phumpadh

- + Tha haidreo air a phumpadh a' stòradh còrran cumhachd càrboin ionic airson a chleachdadh nuair nach eil gaoth agus solas grèine ri fhaotainn, a' dèanamh cinnteach à sùbailteachd cumhachd. Is e pròiseact a' Choire Ghais, air a stiùireadh le aon de chom-pàirtichean ro-innleachdail SSE aig UHI, aon de na pròiseactan stòraidh planaichte as mothà agus as adhartaithe san RA thar 10GW. Tha compàrtichean gnìomhachais mar Statkraft agus Statera a' co-obrachadh cuideachd le UHI air ro-innleachdan sgioba-obrach agus sgilean.



## Cothroman eaonamach a bharrachd

- + Tuathanachas-uisge
- + Gniomhachasan cruthachail
- + Turasachd
- + Puirt agus calaidhean
- + Tar-chur cumhachd
- + Puirt fànais

C

A bheil thu a' creidsinn gu bheil UHI ann an deagh shuidheachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil na buannachdan eaonamach is sòisealta tarsainn ar roinn air an coileanadh, leithid a bhith a' coinneachadh riatanasan eadar-ghluasad cumhachd ath-nuadhachail?



## Dè an dreuchd a th' aig UHI?

Bidh iarrtas cudromach ann airson:

- + Foghlam
- + Trèanadh agus sgilean
- + Rannsachadh
- + Ùr-ghnàthachas
- + Cumhachdachadh coimhlearsnachd

C

A bheil thu den bheachd gu bheil curraicealam làithreach UHI a' co-thaobhadh ri feumalachdan na sgioba-obrach ionadail agad agus a' solarachadh foghlam agus trèanadh a tha freagarrach do chothroman obrach roinneil an latha an-diugh agus an am ari teachd?

# Prionnsapalan UHI gus cruth- atharrachadh a chomasachadh





Gus a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas nas amalaichte a' co-thaobhadh le àrd-amas ionlan UHI, tha seachd prionnsapalan air an aontachadh leis na com-pàirtichean uile gus atharrachadh a chomasachadh. Bidh co-dhùnadh sam bith mu UHI san àm ri teachd bonntaichte air na prionnsapalan sin:

## 1. Ionnsachadh, teagasc agus rannsachadh

Neartachadh ar comais air ionnsachadh, teagasc agus rannsachadh a lìbhrigeadh.

## 2. Èolas oilleanaich

Meudachadh na co-chuid de na goireasan a tha air an ùisneachadh air ar n-oileanaich gus an èolas air ionnsachadh aig UHI àrdachadh aig ère sam bith, agus an cothromas tarsainn an t-solair sin..

## 3. Sgaoilte a rèir cruinn-eòlas

Fuireach sgaoilte a rèir cruinn-eòlas, a' lìbhrigeadh fheumalachdan foghlaim ar coimhlearsnachdan agus ag àrdachadh fàs is leasachadh eaconamach ionadail.

## 4. Modh-obrach air a stiùireadh gu h-ionadail

Dèanamh cinnteach à cunnachalachd is cumhachdachadh ionadail agus modhan-obrach stèidhichte air àite a tha a' neartachadh UHI le cunbalachd is freagairteachd tarsainn ar roinnean.



## 5. Cothroman luchd-obrach

Solarachadh do chothroman nas fheàrr do ar luchd-obrach agus an leasachadh dreuchdail aca tarsainn solar acadaimigeach corporra agus treas-ìreach.

## 6. Dèanamh cho-dhùnaidhean

Neartachadh ar comas co-dhùnaidhean tro chunntachalachd puing singilte.

## 7. Cuimse treas-ìreach

A bhith ionlan treas-ìreach anns gach nì a tha sinn a' dèanamh agus seo a chleachdad airson clàr-obrach foghlaim seachad air 16-bliadhna ann an Alba.

C

A bheil na seachd prionnsapalan sin a' gabhail a-steach gu farsaing na tha riatanach airson cruth-atharrachadh soirbheachail air com-pàirteachas UHI?

# Buannachdan molta



Mar thoradh air ar n-atharrachadh leantainneach, tha sinn a' sùileachadh raon de buuannachdan làidir a chumhachdaicheas ar n-oileanaich, ag àrdachadh cothroman do luchd-obrach, a' saidhbhreachadh nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a' piobrachadh 's a' tarraing leasachadh eaconamach don roinn. Bidh an Làn Chùis Gnothachais a' mìneachadh nan ro-innleachdan agus nan gnìomhan sònraichte a thèid a bhualeachadh gus na buuannachdan sin fhaotainn.

## Oileanaich

- + **Curraicealam nas cunbhalaiche agus nas seasmhàiche**  
Taigse air curraicealam co-aonaichte le slighean adhartais sònraichte agus soilleir do ar n-oileanaich.
- + **Seilbheachd nas àirde ann am prìomh lìbhrigeadh acadaimigeach**  
Bheir roinn nas motha de mhaoineachadh neartachadh direach air lìbhrigeadh acadaimigeach, eòlas oileanaich agus sàr-mhathas rannsachaiddh.
- + **Siosaman agus seirbheisean leasaichte**  
Stèidheachadh sheirbheisean taic oileanaich a tha furasta, làidir agus àrd-chàileachdail airson ionnsachadh pearsanta agus air-loidhne, air a neartachadh le poileasaidhean agus siosaman singilte gus dèanamh cinnteach à cunbalachd agus eòlas oileanaich àrdachte.
- + **Taic oileanaich meudaichte**  
Comas agus goireasan nas motha air an riachadh gu seirbheisean taic oileanaich, leasachadh bun-structar agus com-pàirt Comann Oileanaich na Gàidhealtachd's nan Eilean Greater (HISA).
- + **Slighe shìmplichte oileanaich**  
Pròiseasan èifeachdach agus cunbalach a' stiùireadh oileanaich gun dragh sam bith bho ire ceist gu tagradh gu ceumnachadh.
- + **Meudachd shòisealta saidhbhrichte**  
Saidhbhreachadh meudachd shòisealta na beatha sa cholaiste agus oilthigh, eadar gu bheil seo tro libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh no air-loidhne.
- + **Cothrom leudaichte gu ionnsachadh**  
Tha inbheisteadh nas àirde ann an lìbhrigeadh acadaimigeach a' meudachadh cothrom air ionnsachadh aig diofar làraichean, a' gabhail a-steach gu pearsanta no air-loidhne.
- + **Taic leasaichte don Ghàidhlig**  
Comas meudaichte air Gàidhlig agus am plana Gàidhlig amalachadh tarsainn na roinnean uile.

## Luchd-obrach

- + **Eòlas cosnaiche cunbalach**  
Dèanamh cinnteach à fosgailteachd is cothromas ann am poileasaidhean, cothroman, cumhachan, agus structaran eagracail gus taic cothromach a chur ri luchd-obrach uile.
- + **Cothroman airson fàs agus leasachadh proifeiseanta**  
Leudachadh shlighean adhartais dreuchdail, leasachadh proifeiseanta agus dreuchdan speisealta a' cur taic ri àrd-mhiannan dreuchdail fad-amaill tarsainn sheirbheisean is obraichean eadar-mheasgta.
- + **Àrdachadh èifeachdas agus fulangas**  
Co-dhaingneachadh ghoireasan gus èifeachdas obrachail a mheudachadh, a' lùghdachadh uallaicheadh obrach is dùblachadh, agus a' neartachadh fulangas.
- + **Leasachadh cultar nas dearbhaiche**  
Àrach àrainneachd cho-obrachail agus thaiceil, a tha ag adhartachadh cultar eagracail deimhinneach agus faireachdainn làidir de bhuntainneas.
- + **Riarachas obrach agus aithne leasaichte**  
Neartachadh riarachas obrach le bhith a' solarachadh aithne nas àirde, duais, agus coileanadh iomlan san àite-obrach.



# Tomhas agus adhartachadh na buaidh bheanailtich a th' aig UHI air leasachadh eaconamach tarsainn na roinnean.



## Coimhersnachdan

### + **Sgilean so-fhastachd àrdaichte**

Tabhairn sgilean so-fhastachd agus foghlam àrdaichte a tha a' maidseadh feumalachdan atharrachail na sgioba-obrach làithreach agus teachdail, a' dèanamh cinnteach gun coilean sinn iarrtas agus feum ionadail.

### + **Ath-thaisg ann an cothroman ionadail**

Cruthaich comas air ath-thasgadh ann an cothroman fàis tarsainn ionnsachadh agus teagasc, leasachadh sgilean, iomlaid eòlais agus gnìomhachdan coimearsalta.

### + **Curraicealam buntainneach do na roinnean**

Lean air adhart a' leasachadh curraicealam fiughantach is freagairteach, a tha cuimsichte air feumalachdan atharrachail choimhersnachdan roinneil agus priomh luchd-ùidhe.

### + **Faicsinneachd leasaichte air priomhachasan ionadail**

Àrdachadh faicsinneachd air dearbh-aithne ionadail, cultarach agus cànanach anns a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan tro iomhaigh àrdaichte UHI, a' gabhail a-steach a' Phlana Ghàidhlig.

### + **Meudachadh buaidh eaconamach air coimhersnachdan UHI**

Tomhas agus adhartachadh air a' bhuaidh bheanailtich a tha aig UHI air leasachadh eaconamach tarsainn na roinnean.


### + **Freagairteach do fheumalachdan ionadail**

Freagairteach gu h-ionadail agus luchd-obrach fiosrachail a' solarachadh làthaireachd ionadail tarsainn na roinnean, le pròiseasan sònraichte airson com-pàirt coimhersnachd.



## C

A bheil buannachdan a bharrachd air am bu chòir do UHI beachdachadh, a thuilleadh air na buannachdan a tha molta do dh'oileanaich, luchd-obrach agus coimhearsnachdan?



## Dealasan/Gealltanasan

Mar phàirt den phrògram cruth-atharrachaidh seo, tha bùird stiùiridh agus àrd-stiùirichean UHI air gabhail ris na dealasan a leanas:

- + Lùghdaich troimh-chèile do dh'oileanaich, luchd-obrach agus coimhearsnachdan chun na h-ìre as ìsele, tron phrògram cruth-atharrachaidh.
- + Dèan conaltradh ro-ghniomhach le aonaidhean ciùird.
- + Bidh sàbhalaidhean air an ath-thasgadh gus ar seirbheisean do dh'oileanaich, luchd-obrach agus coimhearsnachdan, a neartachadh.
- + Glèidh dèanamh cho-dhùnaindean agus lìbhrigeadh ionadail

# Cruth- atharrachadh, riaghladh is ceannardas



Tha riochdachadh bho air feadh a' chom-pàirteachais a' dèanamh suas buidhnean ceannardais is riaghlaidh a tha cunntachail airson stiùireadh air a' phrògram cruth-atharrachaidh. Tha na bùird ballrachd sin a' solarachadh frèam-obrach shoilleir le cinn-uidhe mìnichte, dreuchdan agus dleastanasan.

## Cùirt UHI

Tha bàrd riaghlaidh Bhuidhnean Ro-innleachdail Roinneil cunntachail airson stiùireadh ro-innleachdail iomlan agus riaghlaidh an oilthighe, a' stiùireadh obrachean ar n-institiùid treas-ìreach ann an gèilleadh do dh'Achd Foghlam Adhartach is Àrd-Ìre (Alba) 1992. Bldh a' Chùirt a' coimhead thairis air a' phrògraim chruth-atharrachaidh bho a thus gu a bhualeachadh.

### Bàrd Stiùiridh Eadar-ghluasaid

Tha am Bàrd Stiùiridh Eadar-ghluasaid a' gabhail a-steach riaghlaidearean UHI, riochdachadh neo-eisimeileach, riochdairean oilleanaich is luchd-obrach, a' tarraing eòlas eadar-mheasgaichte bho air feadh a' chom-pàirteachais. Tha am buidheann seo cunntachail airson leasachadh air a' mhodail obrachaidh ùr a stiùireadh agus a mharasgladh, a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh ri Plana Ro-innleachdail 2030 UHI. Ag aithris do Chùirt UHI, tha am bàrd a' riaghlaidh, a' leantainn adhartais, a' stiùireadh chunnartan, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an cleachdad gu ceart fhad's a thathar a' lìbhrigeadh buuannachdan ionmhasail agus neo-ionmhasail.


### Buidheann Gníomha Eadar-ghluasaid

Tha priomh dhreuchd aig a' Bhàrd Gníomha Eadar-ghluasaid ann an cumadh program cruth-atharrachaidh UHI le bhith a' coimhead thairis air leasachadh air an obair dhèanadach tro chonaltradh èifeachdach com-pàirteachais. Tha ballrachd a' bhùird a' gabhail a-steach nan 11 phrionnsapalan bho gach institiùid, a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdan nan com-pàirtichean uile air am beachdachadh. Ag aithris gun Bhàrd Marasglaidh Eadar-ghluasad, tha uallach air airson ath-sgrùdadh adhartais, ag aontachadh shruthan-obrach agus a' leantainn buuannachdan ionmhasail agus obrachail.



Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu riaghlaidh agus ceannardas Cruth-atharrachaidh, a thuilleadh air na sruthan-obrach priomhachais a tha air an cruthachadh gus taic a chur ri leasachadh air an Làn Chùise Gnothachais, tadhaileibh air [transformation.uhi.ac.uk](http://transformation.uhi.ac.uk)



A photograph showing three people in an office environment. In the foreground, a person with long, wavy hair is seen from the side, wearing a light-colored shirt. Behind them, two men are looking at a computer screen. The man on the left has a beard and wears glasses, a plaid shirt, and has his hand near his chin. The man on the right also has a beard and wears a tan sweater over a patterned shirt. They are all focused on the screen of a laptop or computer monitor. The background is slightly blurred, showing office equipment and other people.

**Roinn do  
bheachd**

Tha sinn a' sireadh in-chur aig an ìre thràth seo de ar leasachadh gus cuideachadh le Làn Chùise Gnothachais comp-pàirteachas oilthighe nas amalaichte a chumadh ann an dòigh a tha ag àrdachadh luach, seasmhachd agus cothroman, a' dèanamh cinnteach às a' bhuannachd as fheàrr a ghabhas do dh'oileanaich, luchd-obrach agus coimhersnachdan. Tha sinn a' cur fàilte air ais-fiosrachadh bho neach sam bith ag inbheisteadh ann an àm teachdail UHI, le ùidh shònraichte ann an cluinntinn bho:

- + Ar n-oileanaich làithreach agus am pàrantan / luchd-cùraim
- + Ar luchd-obrach
- + Aonaidhean ciùrd
- + Buidhnean coimhersnachd agus treas-roinne taobh a-staigh sgìrean na Gàidhealtachd's nan Eilean, Moireibh agus Siorrachd Pheairt
- + Buidhnean com-pàirteachais taobh a-staigh sgìrean na Gàidhealtachd's nan Eilean, Moireibh agus Siorrachd Pheairt
- + Ùghdarrasan ionadail taobh a-staigh sgìrean na Gàidhealtachd, Moireibh agus Siorrachd Pheairt
- + Buill thaghte Pàrlamaid na h-Alba agus na Rioghachd Aonaichte
- + Ùghdarrasan nàiseanta sgilean is theisteanasan, agus buidhnean roinnean colaiste is oilthighe ann an Alba, agus Comhairle maoineachaidh na h-Alba
- + Bùird slàinte taobh a-staigh sgìrean na Gàidhealtachd's nan Eilean, Moireibh agus Siorrachd Pheairt

## Modh freagairt

Tha am fiosrachadh agaibh air ais deatamach ann an cuideachadh le modail a chumadh do UHI mu choinneamh an ama ri teachd. Bidh an ceisteachan a' ruith bho 24 Màrt gu 2 Cèitean 2025.

### Cuir crìoch air an t-suirbhidh

- + **Air-loidhne**  
Tadhailibh air <https://app.onlinesurveys.jisc.ac.uk/s/uhi/uhi-transformation> gus freagairt do na ceistean a tha còmhla ris an sgrìobhaínn seo.
- + **Lethbhreac pàipeir**  
Faodar lethbhreacan pàipeir den t-suirbhidh a thogail len iarraidh, bhon ionad ionnsachaidd as fhaisge dhuibh. Cuiribh post-d gu **transformation@uhi.ac.uk** nam bu mhath leibh lethbhreac a thogail, a' gabhail a-steach ainm an ionaid ionnsachaidd bho am bi sibh a' togail.



Faodaidh freagairtean na suirbhidh an sganadh agus an cur air post-d gu **transformation@uhi.ac.uk**, no an tilleadh gu an ionad ionnsachaidd cheudna bhon d' fhuair thu e

Thèid sgrìobhaínn geàrr-iomraighean den fiosrachadh air ais bho na molaidhean tràthha sin fhoillseachadh air **transformation.uhi.ac.uk** aon uair 's gu bheil an data air a thional. Bidh na freagairtean sin a' fiosrachadh an leasachaidd air an Làn Chùise Gnothachais.


### Faigh a-mach tuilleadh

Tadhail air **transformation.uhi.ac.uk** airson tuilleadh mion-fiosrachaidd mu na molaidhean tràthha.

### Priobhaideachd agus Dòn Dàta

Cha tèid mion-fiosrachadh pearsanta sam bith a thional mar phàirt den phrògram conaltraidh seo. Bidh na freagairtean uile gun urra. Tadhail air **transformation.uhi.ac.uk** a dh'fhaicinn na làn aithiris priobhaideachd.





## Com-pàirteachas UHI

UHI Earra-Ghàidheal

UHI Inbhir Nis

UHI Moireibh

UHI a Tuath, An Iar agus Innse Gall

UHI Arcaibh

UHI Peairt

UHI Sealtainn

HTC

Sabhal Mòr Ostaig

Comann Saidheans Mara na h-Alba



Far a bheil ionnsachadh  
a' ciallachadh **barrachd**

Taigh UHI, Seann Rathad Pheairt, Inbhir Nis, Alba IV2 3JH

Companaidh cuibhrichte clàraichte ann an Alba, Àir. 14820. Companaidh cuibhrichte clàraichte ann an Alba Àir. 148203 | Carthannas Albannach Clàraichte Àir. SC022228 | Oifis chlàraichte: Taigh UHI, Seann Rathad Pheairt, Inbhir Nis, Alba IV2 3JH